

Teachdaireachd Sìthe agus Deagh-ghean bho Òigridh na Cuimrigh 2017

Tha sinn a' toirt cuireadh do dh' òigridh an t-saoghail iarrtas a dhèanamh còmhla ruinn airson co-ionannachd do dhaoine òga.

Tha sinn ag iarraidh co-ionannachd fhaighinn:-

Nar cothroman foghlaim, nar saorsa a bhith beò a rèir ar gnèitheachd, ann an làimhseachadh ar ciorraman, nar roghainnean-beatha agus nar cothroman, nar còirichean a bhith a' cleachdadh ar cànan fhìn, ann an bhith stri an aghaidh gràine-cinnidh agus nar saorsa a thaobh creidimh.

Gun cho-ionannachd agus gun ar còirichean a bhith aithnichte, thèid ar faicinn le càch ann an solas diofraichte.

Tha sinn a' tagradh gun cluinnear ar guth, agus gun toirear spèis dhar guth.

Tha sinn ag iarraidh gum bi cothrom aig gach duine againn ar beachdan a chur an cèill agus gum bi cothrom bhòtaidh aig daoine òga, is sinne ag iarraidh gum faigh daoine a-mach dè na barailean a th' againn mus bruidhnear às ar leth.

Chan eil na freagairtean uile againn; tha laigsean againn a dh'aidicheas sinn ach an ionnsaich sinn tuilleadh.

Feumaidh sinn am fiosrachadh ceart.

Feumaidh sinn foghlam fhaighinn air cùisean sòisealta, poileataigeach agus eadar-nàiseanta, gus an tèid againn buaidh a thoirt air càch, chan ann tro èiginn ach tro bhrosnachadh.

Còmhla, faodaidh sinn ìrean sòisealta àrdachadh am broinn nan coimhearsnachdan againn airson nan ginealaichean a th'ann agus a thig – gus am bi co-ionannachd aig teas-meadhan nan co-dhùnaidhean san àm ri teachd.